



## COINNEAMH NA PANAIL

Dihaoine 10 Ògmhios 2022 aig 10:00 air Zoom

### GEÀRR-CHUNNTAS

#### MEG-202123-1-01 An làthair

Magaidh Nic a' Ghobhainn, Iain Mac a' Ghobhainn, Sarah NicEachearn, Anna NicGuaire (Alba Chruthachail) agus Art MacCarraig (Fèisean nan Gàidheal).

#### MEG-202123-1-02 Leisgeulan

Leis gun robh a h-uile duine an làthair cha d' fhuaras leisgeul sam bith.

#### MEG-202123-1-03 Geàrr-chunntas na coinneimh roimhe

Ghabh na bha an làthair ris a' gheàrr-chunntas.

#### MEG-202123-1-04 A' nochdadh com-pàirt

Nochd Art MacCarraig com-pàirt ann an iarrtasan MEG/202223/1/03 (Ionad Thròndairnis) agus MEG/202223/1/07 (Màiri Anna NicUalraig) agus cha do ghabh e pàirt anns a' chòmhradh mun deidhinn.

#### MEG-202123-1-05 Aonta ri tabhartasan

Bha 7 iarrtasan ann a' sireadh taic de £35,410 mu choinneimh phròiseactan luach £69,780 uile gu lèir.

Chaidh a dhearbhadh gun robh £45,000 aig a' phanail ri chosg ach gum biodh cuairt eile ann nas fhaide air adhart air a' bhliadhna. Bho eòlas air na thachair roimhe, bhiodh duil ri barrachd iarrtasan sa chuairt mu dheireadh den bhliadhna.

An dèidh beachdachadh gu cùramach air na h-iarrtasan, cho math 's a fhreagair iad air amasan an stòrais agus na comharran a thug buill a' phanail dhaibh air thoiseach air a' choinneimh, chaidh aontachadh ris na tabhartasan a leanas:

Ainm an tagraiche	Gearr-chunntas air a' phròiseict	Buidseat slàn	Suim ga sireadh	Tabhartas
An Lòchran	Oidhche Comadaidh is Cèilidh	£5,000.00	£2,000.00	£2,000.00
Alison Campbell Clark, Comunn na Gàidhlig	Seachdain de chur-seachadan samhraidh do dh'òigridh	£4,700.00	£630.00	£630.00
Binneas & An Comunn Gàidhealach	Tachartas beò aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail	£8,200.00	£4,200.00	£4,200.00

Màiri Anna NicUalraig	Ullachadh airson sreath thaisbeanaidhean air coimisean bho sgìre Chòigich agus Asainte	£10,837.00	£5,587.00	£5,587.00
		<b>£28,737.00</b>	<b>£12,417.00</b>	<b>£12,417.00</b>

**MEG-202123-1-06 Maoin nan Ealan Gàidhlig san àm ri teachd**

Chaidh a dhearbhadh gum bi an ath cheann-latha airson thagraichean ann air 11mh Samhain 2022.

**MEG-202123-1-07 GISBE**

Thugadh taing do bhuill a' phanail agus do Luke Slater a chuir a' choinneamh air dòigh.

**MEG-202123-1-08 Ceann-latha na h-ath choinneimh**

Chaidh aontachadh gum biodh an ath choinneamh ann air 28mh Samhain 2022 aig 2f.